# Sea Generation (Kyle Rhea) Earranta

**ACHD AN DEALAIN 1989 (Earrann 36)**

**RIAGHAILTEAN OBRAICHEAN DEALAIN (MEASADH BUAIDH AIR AN ÀRAINNEACHD) (ALBA) 2000 (MAR A CHAIDH AN ATHARRACHADH)**

**ACHD NA MARA (ALBA) 2010**

**RIAGHAILTEAN OBRAICHEAN NA MARA (MEASADH BUAIDH AIR AN ÀRAINNEACHD) 2007 (MAR A CHAIDH AN ATHARRACHADH)**

A thuilleadh air an fhios a chaidh a thoirt mar-thà gu bheil Sea Generation (Kyle Rhea) Earranta, clàraichte aig Faraday House, Sir William Siemens Square, Frimley, Camberley, Surrey, GU16 8QD (Àireamh na companaidh: 05700475), air iarrtas a chur gu Ministearan na h-Alba airson cead Rian Innealan Cumhachd-làin Chaol Reatha a thogail agus a chur an sàs eadar an t-Eilean Sgitheanach agus tìr-mòr na h-Alba tuath air baile Chaol Reatha air an taobh siar agus Gleann Eilg air an taobh sear (taobh a-staigh raoin le crìoch aig 179432, 823043; 179825, 822521; 179434, 821314; 178923, 821196, Cliath Nàiseanta Bhreatainn, Sealladh: Transverse Mercator, Comas: OSGB 1936). Bhiodh comas suidhichte an stèisein chumhachd a thathar a' moladh aig 8 MW.

Thathar a' toirt fios an seo gu bheil fiosrachadh a bharrachd ('s e sin ri ràdh, a' chiad fhreagairt bho Chomhairliche Riaghailteach) a thaobh an iarrtais seo air a chur gu Ministearan na h-Alba. Tha lethbhreacan den fhiosrachadh seo air an cur gu Comhairle na Gàidhealtachd far an tèid an cur ris a' chlàr dealbhaidh gus am faod am mòr-shluagh sgrùdhadh a dhèanamh orra.

Airson ceist sam bith a chur mun fhiosrachadh seo, bu chòir:

Sgrìobhadh gu: Riaghaltas na h-Alba, Sgioba Obraichean Ceadachaidh Chùisean Mara na h-Alba, Deuchainn-lann na Mara, Bocsa-puist 101, 375 Rathad Bhictoria, Obar Dheathain, AB11 9DB, no le post-dealain gu ms.marinelicensing@scotland.gsi.gov.uk

No

Sgrìobhadh gu: Comhairle na Gàidhealtachd, Rathad Ghleann Urchadain, Inbhir Nis, IV3 5NX

Ma thèid fiosrachadh sam bith eile a chur gu Ministearan na h-Alba mus tèid co-dhùnadh a ruigsinn mun iarrtas, thèid seo cuideachd a chur gu Comhairle na Gàidhealtachd (ma thathar den bheachd gu bheil e buntainneach) gus an tèid a chur ris a' chlàr dealbhaidh air dòigh 's gum faod am mòr-shluagh sgrùdadh a dhèanamh air. Cha tèid fios poblach eile fhoillseachadh, ged-tà.

Bu chòir riochdachadh sam bith a dhèanamh le a bhith a' sgrìobhadh gu Riaghaltas na h-Alba, Sgioba Obraichean Ceadachaidh Chùisean Mara na h-Alba, Deuchainn-lann na Mara, Bocsa-puist 101, 375 Rathad Bhictoria, Obar Dheathain, AB11 9DB, no le post-dealain gu kylerhea@scotland.gsi.gov.uk., a' comharrachadh an iarrtais agus a' sònrachadh adhbharan gearain no taice, ron cheann-latha **14 Ògmhios 2013**. Bu chòir ceann-latha a sgrìobhadh

air na riochdachaidhean maille ri ainm (ann an litrichean mòra) agus seòladh post-dealain no seòladh puist na feadhainn a tha a' dèanamh an riochdachaidh.

**Tha a h-uile riochdachadh a fhuaras mar-thà a thaobh an leasachaidh seo fhathast èifeachdach.**